

Aonad nan Sgoilearan

Dhàin

uisge

Sreach
a Dhà

A' leasachadh Sgilean Èisteachd
ìre Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre



FILEANTA


Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

Le taing do



Ro-ràdh

Calum MacIlleathain



Bha luchd-amhairc BBC Alba cho toilichte an dàrna sreach fhaighinn den phrògram stèidhichte air a' bhlàr a-muigh, Dhan Uisge 2.

Do phreasantair a' phrògram, Calum MacIlleathain, bha an dà chuid spòrs is dùbhlain an lùib an dà shreach den phrògram a libhrigeadh. Air duilleagan 3 agus 4, tha Calum a' toirt iomradh air mar a fhuair e tro na dùbhlain gus prògraman spòrsail is fiosrachail a thoirt gu buil anns a' chiad sreach de Dhan Uisge. Leugh an earrann a leanas mus tòisich thu air obrachadh tro na prògraman...

"Carson?"

Nuair a chluinneas daoine gum bi mi ri snàmh a-muigh, 's e sin an dearbh cheist a bhios aig a' mhòr-chuid, agus beagan amharais nan sùilean.

"A bheil thu às do chiall?"

Ma dh'fhaoidte gu bheil – cò dhearbas?

'S ann a tha uisge gam thoirt beò. Tha rudeigin sònraichte mu dheidhinn. Falbhaidh dragh agus iomagain às m' inntinn agus gheibh mi sealladh gu tur ùr air an t-saoghal. Faighnich do neach sam bith a bhios ri snàmh is innsidh iad an dearbh rud dhut. 'S ann a bheir e togail dha m' inntinn. Cha mhòr gun tèid latha seachad anns nach leum mi a-steach do loch air choreigin.



Tha mi air snàmh a-muigh airson grunn bhliadhnaichean, agus leis gu bheil ùidh mhòr agam ann an dealbhaireachd, bhithinn a' togail dhealbhan. Thòisich mi air blog, le dealbhan is sgrìobhadh (www.goneoffswimming.com) agus an dèidh sin, dh'iarr BBC *The Social* gun dèanainn filmachean goirid dhaibh. 'S ann a thòisich an sreach *Wild Swimming in Scotland* airson nam meadhanan sòisealta. Choimhead na milleanan air cuid dhiubh air Facebook! Mar thoradh air seo, chuir sgioba Gàidhlig a' BhBC beachd a-steach gu cuairt coimiseanaidh BBC ALBA – agus 's ann mar sin a nochd Dhan Uisge. Chaidh co-dhùnadhbh na prògraman a chumail goirid – nas coltaiche ri stuth air na meadhanan sòisealta.

Ged a bha mi air leth toilichte an cothrom fhaighinn – bha aon chnap-starra ann: nach ann a bhiodh againn ri filmeadh tron gheimhradh! Rinn mi fhèin, Alasdair MacIlleathain (Stiùiriche is Camara) agus Nick Roxburgh (Neach-sàbhailteachd BBC Scotland) ar slighe mun cuairt air Alba airson faisg air cola-deug, a' filmeadh ann an iomadh àite. Thadhail sinn air lochan, tràighean, aibhnichean, fiù 's lòn ann an uamh! Rinn sinn filmeadh ann an deich àitichean, a' feuchainn ri deagh mheasgachadh fhaighinn. 'S e àitichean iomallach, leithid Abhainn Duchairidh an Taobh Siar Rois a b' fheàrr leamsa, ach chaidh mi cuideachd gu Loch Laomainn, dìreach turas goirid à Glaschu.

Bha feum againn coiseachd dà uair a thìde far nach eil rathaidean gus Abhainn Duchairidh a lorg. Dh'fheuch mi snorcaladh ann an uisgeachan mòinteach Loch Loinne gus seann drochaid a lorg – cha robh seo idir ciallach! Cha robh mi a' faighinn anail cheart tron snorcal agus chaidh m' fhàgail ann an tuineal aon trup! Tha cuimhne agam tadhail air Sloc an Altramain anns an Eilean Sgitheanach: bha feum againn solais mhòra a ghiùlan a-steach – agus sùil a chumail air ìre na mara gus am faigheadh sinn air ais a-mach! Shnàmh mi air cùl beanntan àrda a' Chuiltheann – far a bheil each-uisge a' tighinn beò! Am faca mi e? Feumar sùil a' thoirt air a phrògram...

Ged a bhios mi gu tric a' snàmh às aonais deise-fhluiich, cha robh seo comasach airson Dhan Uisge. Bha feum agam a bhith anns an uisge airson uairean a thìde gach latha – gus na diofar dhealbhan a thogail, agus an sgeulachd airson gach àite innse gu ceart. Ged as e prògraman goirid a th' annta, cha bheag an obair gus an dèanamh. Air an latha mu dheireadh feumaidh mi a ràdh gun robh mi sgìth, agus beagan greannach. Tha snàmh a' còrdadh rium, tha filmeadh a' còrdadh rium ach caillear beagan den tlachd nuair a dh'fheumas tu gach rud a dhèanamh 's doch a dhà neo trì thursan!

B' e seo a' chiad bhliadhna a chùm mi orm a' snàmh gu ceart tron gheimhradh. Air thoisearch air an filmeadh fhèin, bhithinn a' dol is a' seasamh ann an lochan airson còig, deich mionaidean tron t-Samhain agus an Dùblachd. Tha mi mothachail a-nise air an eadar-dhealachadh a thàinig orm. Tha mo bhodhaig a-nis fada nas tapaidhe agus nas treasa ann an uisge fuar. Thèid agam air fiù 's snàmh fo dheigh a-nise, mar a rinn mi anns an loch as àirde an Alba – Loch Coire an Lochain!

An dèidh Dhan Uisge, dè an ath phròiseact snàmh, ma-tha? Uill bu thoigh leam snàmh anns gach coire loch ann an Alba. Chuala mi gu bheil còrr is còig ceud coire ann – ged nach eil loch anns gach fear aca. Nuair a thèid mi ann, cruthaichidh mi ealain air choreigin; dealbhan, film, sgrìobhadh. Miltean mòra de choiseachd is miltean mòra de dh'uisge fuar. Chan iarrainn an còrr.



- 
1. **Loch Mhùrlaig**
 2. **Cuaraidh Rubislaw**
 3. **Loch nan Doirb**
 4. **Loch Mhistean (Na Hearadh)**
 5. **Gaylet Pot**
 6. **Eilean Arainn – Eilean MoLaise**
 7. **Linne Fhoirthe**
 8. **Easan Ath a' Chàirn**

4



3



1



2



5



7



6



1

Loch Mhùrlaig



gach mac màthar - abairt a tha a' ciallachadh an aon rud ris 'a h-uile duine'

pailt - tha tòrr dhiubh ann

as t-fhoghar - anns an fhoghar

1. Carson a tha Calum a' cur feum air gimmick? 1

èideadh - aodach, anns a' cho-theacsa seo ge-tà 'còmhach'

2. Cò ris a tha Loch Mhùrlaig coltach anns an aimsir seo? 2

an t-uidheam - rud a chleachdas tu airson gnìomh a dhèanamh

3. Carson nach eil Calum ann an cunnart ged a tha an deigh tana? 1

4. (a) Carson nach robh an drile gu feum? 1
 (b) Carson nach robh an sàbh gu feum? 1

5. (a) Dè an dùbhlàan a bh' aig Calum? 1
 (b) Dè an seantans a chleachd Calum airson innse dhuinn dè am plana a bh' ann gus seo a dhèanamh? 2

6. Dè an rabhadh a tha Calum a' toirt? 2

7. A bharrachd air an fhuachd, carson a tha e doirbh do Chalum snàmh? 1

8. Cò ris a tha e coltach do Chalum a bhith a' snàmh fon uisge? 3

9. Tha Calum a' dol fon uisge aon turas eile. Na bheachd-san, cò ris a tha seo coltach? 1

10. Dè an co-dhùnadh a th' aig Calum? 2

11. Smaoinich air a' phrògram air fad. 2

Seall, le eisimpleir, mar a tha chleachd Calum *aon de na leanas:* guth, ath-aithris, taghadh-facail no ceistean agus mar a bha sin soirbheachail.

Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo.

1

Loch Mhùrlaig



1. Inns mun trioblaid a th' aig Calum aig toiseach a' phrògram. 2
2. Cò ris a tha Loch Mhùrlaig coltach anns an aimsir seo? 1
3. Dè a' cheist a tha Calum a' feuchainn ri fhreagairt? 1
4. Dè an dùbhlann a bh' aig Calum *agus* ciamar a nì e an gnothach air seo a dhèanamh? 2
5. Ainmich dà rabhadh a tha Calum a' toirt. 2
6. Dè an t-àm den bhliadhna a th' ann agus dè an rud a tha na dhearbhadh air seo? 2
7. A bharrachd air an fhuachd, carson a tha e doirbh do Chalum snàmh? 1
8. Dèan geàrr-chunntas air mar a tha Calum ag innse dhuinn mu na seallaidean fon uisge. 2
9. Tha Calum a' dol fon uisge aon turas eile. Dè am meatafor a tha e a' cleachdadhbh gus innse mu dheidhinn seo? 1
10. Dè an co-dhùnadh a th' aig Calum? 2
11. Smaoinich air a' phrògram air fad.
Seall, le eisimpleir, mar a tha chleachd Calum aon de na leanas: guth no taghadh-facail agus mar a bha sin soirbheachail.
Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo. 2
12. Smaoinich air a' phrògram air fad.
Seall, le eisimpleir, mar a tha chleachd Calum aon de na leanas: ath-aithris, ceistean, ìomhaigheachd no aibheiseachadh agus mar a bha sin èifeachdach. *Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo.* 2

Briathrachas

20

- gach mac màthar - abairt a tha a' ciallachadh an aon rud ris 'a h-uile duine'
- pailt - tha tòrr dhiubh ann
- as t-fhoghar - anns an fhoghar
- èideadh - aodach, anns a' cho-theacs seo ge-tà 'còmhach'
- an t-uidheam - rud a chleachdas tu airson gnìomh a dhèanamh

2

Cuaraidh Rubislaw -



clach-ghràin - clach chruaidh, għlas às a bheil togalaichean Obar Dheathain air an dèanamh

1. (a) Càit a bheil Cuaraidh Rubislaw? 1
(b) Carson nach biodh fios aig mòran mun chuaraidh? 1
 2. (a) Cuin a dh'fhsogail an cuaraidh? 1
(b) Dè am fiosrachadh a dhearbas gun robh 'meas mòr ga chur' air a' chloich? 1
 3. (a) Ann am beachd Chaluim dè bhiodh fior mu dhuine a shnàmhadh sa chuaraidh air latha fuar? 1
(b) Tha Calum a' cur ainm air fhèin – 'Calum - a' Chlach-Għräine'. Dè tha fior mu dheidhinn fhèin ge-tà? 1
 4. Carson a tha Calum feumach air pontùn no dhà? 2
 5. Dè rinn Calum mus tàinig e chun a' chuaraidh? 2
 6. (a) Carson a tha Calum ag ràdh nach bu chòir dha slaodadh ro chruaidh air an ròpa? 1
(b) Carson nach bu chòir dha a dhol ro dhomhainn? 1
 7. Dè dhèanadh Calum nan robh e a' fuireach anns na flataichean faisg air an loch? 2
- a' tàmh** - a' fuireach
8. Carson a bhiodh an cuaraidh seo air leth freagarrach do Chalum mar àite-trèanaidh airson triathlon? 3
 9. Carson a tha Calum a' faireachdainn gum bu chòir dha taisbeanadh a dhèanamh? 1
 10. Smaoinich air a' phrògram air fad. Chleachd Calum tòrr àireamhan anns a' phrògram seo. Seall, le aon eisimpleir, mar a chuir seo ri soirbheachadh a' phrògram. 2

2

Cuaraidh Rubislaw



1. Dè tha annasach a thaobh suidheachadh Cuaraidh Rubislaw? 2
2. Inns mu eachdraidh a' chuaraidh. 2
3. Seall mar a tha Calum a' dèanamh moladh (mas fhìor) air fhèin. 2
4. Carson a tha Calum feumach air pontùn no dhà? 2
5. Seall gu bheil Calum air planadh ceart a dhèanamh airson snàmh an seo. 2
6. Inns na tha Calum ag ràdh mun t-side agus mun uisge. 2
7. Tha Calum a' beachdachadh air nan robh e a' fuireach anns na flataichean faisg air an loch. Dè dhèanadh e leis a' flat? 1
8. Carson a bhiodh an cuaraidh seo air leth freagarrach do Chalum mar àite-trèanaidh airson triathlon? 3
9. Smaoinich air a' phrògram air fad.
Chleachd Calum tàrr àireamhan anns a' phrògram seo. Seall, le aon eisimpleir, mar a chuir seo ri soirbheachadh a' phrògram.
Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo. 2
10. Smaoinich air a' phrògram air fad.
Chleachd Calum tòna aotrom aig amannan tron phrògram. Seall, le aon eisimpleir, mar a rinn seo èifeachach.
Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo. 2

20

Briathrachas

- clach-ghràin - clach chruaidh, għlas às a bheil togalaichean Obar Dheathain air an dèanamh
- a' tàmh - a' fuireach

3

Loch nan Doirb



miann - rud a dh'iarras tu gu mòr

1. Dè am miann a bh' aig Calum nuair a bha e na ghille òg? 2

tobhta - togalach a tha a' tuiteam às a chèile

2. Dè chuala Calum mun t-seann tobhta san loch? 1

3. Dè cho tiugh 's a bha an deigh? 1

4. Tha e uabhasach cunnartach a bhith a' dol a-mach air loch reòthte. Carson ge-tà a tha Calum sàbhailte gu leòr? 2

5. Carson a tha an deigh cho tiugh? 2

bacadh - stad

aiteamh - leaghadh

rag - tha duine a tha rag fada na cheann, tha e doirbh a thoirt às a bheachd

gearastan - far am bi saighdearan a' fuireach, coltach ri caisteal

6. (a) Cuin a chaidh an caisteal a thogail? 1

(b) Dè am fiosrachadh a sheallas gun robh an caisteal air a dheagh thogail? 2

gàirdeachas - toileachas mòr

caolas - uisge cumhang no caol

7. Ciamar a tha Calum a' faireachdainn fhad 's a tha e a' snàmh? 2

8. Dè an dòigh anns a bheil an deigh 'mar shamhla air mo phian'? 1

9. (a) Dè tha 'annasach' do Chalum? 2

(b) Dè an coltas a th' air an èadhar a th' air a ghlacadh fon deigh? 1

(c) Ciamar a tha seo a' toirt buaidh air faireachdainean Chaluim? 1

10. Smaoinich air a' phrògram air fad. Cha d' fhuair Calum air na bha e ag iarraidh a dhèanamh anns a' phrògram seo.
Nad bheachd-sa, dè an t-amas as mothà a bh' aig Calum nuair a chuir e am prògram ri chèile? Cleachd fianais nad fhreagairt. 2

3

Loch nan Doirb



1. Carson a bha Calum ag iarraidh gum biodh eilean aige fhèin nuair a bha e na ghille òg? 1
2. Dè an trioblaid a th' aig Calum a thaobh a bhith a' snàmh dhan eilean ann an Loch nan Doirb? 1
3. (a) Carson a tha staid an locha na bhriseadh-dùil do Chalum? 2
 (b) Carson a tha staid an locha mar a tha i? 1
4. (a) Thoir eisimpleir air abairt a dh'fhaodadh 'an deigh' a bhriseadh. 1
5. (a) Inns mu eachdraidh a' chaisteil. 3
 (b) Dè am fiosrachadh a sheallas gun robh an caisteal air a dheagh thogail? 2
6. Ciamar a tha Calum a' faireachdainn fhad 's a tha e a' snàmh? 1
7. Seall mar a tha Calum a' cleachdadadh ìomhaigheachd gu h-èifeachdach gus innse mar a tha e a' faireachdainn. 2
8. (a) Thoir cunntas air na tha Calum ag innse mu na tha e a' faicinn fon deigh. 3
 (b) Dè a' bhuaidh a th' aig na tha e a' faicinn air Calum? 1
9. Smaoinich air a' phrògram air fad. Cha d' fhuair Calum air na bha e ag iarraidh a dhèanamh anns a' phrògram seo. Nad bheachd-sa, dè an tamas as mothà a bh' aig Calum nuair a chuir e am prògram ri chèile? Cleachd fianais nad fhreagairt. 2

20

Briathrachas

- miann - rud a dh'iarras tu gu mòr
- tobhta - togalach a tha a' tuiteam às a chèile
- bacadh - stad
- aiteamh - leaghadh
- rag - tha duine a tha rag fada na cheann, tha e doirbh a thoirt às a bheachd
- gearastan - far am bi saighdearan a' fuireach, coltach ri caisteal
- gàirdeachas toileachas mòr
- caolas - uisge cumhang no caol

4

Loch Mhisteam (Na Hearadh)



tìr - *talamh, eilean, dùthaich*

cuan - *muir*

muinntir - *daoine*

- Dè a' chomhairle a th' aig Calum do dhaione a bhios a' siubhal 'fada thar a' chuain agus a' sìreadh àite snàmh'? 1

taigh-seinnse - *taigh-òsta*

An Cliseam - *beinn mhòr sna Hearadh*

- (a) Dè as trice as fheàrr le Calum? 1
- (b) Carson as fheàrr leis slighe dhoirbh? 1

sìde nan seachd sian - *abairt airson droch shìde*

tlachd - *toileachas*

- (a) Dè cho fad 's a bha Calum air a bhith a' coiseachd nuair a chunnaic e Loch Mhisteam? 1
- (b) Carson a bha e a' smaoineachadh nach biodh e glic a dhol chun an loch as fhaide air falbh (Loch nan Eang)? 2

suaicheantas - *samhla a chleachdas buidheann no teaghlaich*

Clann MacIlleathain - *daoine aig a bheil MacIlleathain mar shloinneadh*

anabarrach - *uabhasach*

- Carson a tha an t-uisge cho fuar? 2

a-rèist - *ma-tha*

- Carson a bhios Calum a' dèanamh rudan mar seo? 1

fantail - *fuireach*

- Dè tha a' tachairt cho luath 's a tha Calum a' stad? 1

- (a) Dè tha a' cur iongnadh air Calum mu bhonn an locha? 1
- (b) Dè tha Calum a' smaoineachadh a tha sònraichte mun rud a tha e a' dèanamh? 2

4

- ùr-nòsach** - air a dhèanamh ann an dòigh ùr
8. (a) Dè an dòigh sa bheil daoine ceart anns na chanas iad mu bheanntan-deighe? 1
- (b) Dè an leisgeul a th' aig Calum airson a' bheinn-deighe a mhilleadh? 1

mulad - bròn

eanchainn - ball den bhodhaig nad cheann leis am bi thu a' smaoineachadh

buill-bodhaig - pìosan de do chorp, a leithid do chridhe

riatanach - deatamach, cha dèan thu a' chùis às aonais rud a tha riatanach

9. Dha Calum, cò ris a tha an t-uisge fuar coltach? 1

tràill - duine a tha an eisimeil rud, duine a nì seirbheis gun phàigheadh do neach eile, chan eil an saorsa aig tràillean.

clraigean - an structar chnàmhan nad cheann

cumhachd - neart

10. Dè an dòigh anns an robh toiseach agus deireadh an latha cho diofraichte? 2

dlùth-choille - coille-uisge

11. Smaoinich air a' phrògram air fad. Nad bheachd fhèin, dè an teachdaireachd as mothà a thàinig às a' phrògram seo?

Cleachd fianais nad fhreagairt. 2

20

4

Loch Mhisteam (Na Hearadh)



1. Dè a' chomhairle a th' aig Calum do dhaoine aig toiseach a' phrògram? 2
2. Carson as iad na lochan beinne as fheàrr le Calum? 1
3. (a) Dè cho fad 's a bha Calum air a bhith a' coiseachd nuair a chunnaic e Loch Mhisteam? 1
 (b) Carson a bha e a' smaoineachadh nach biodh e glic a dhol chun an loch as fhaide air falbh (Loch nan Eang)? 2
4. Carson a tha an t-uisge cho fuar? 1
5. Carson a bhios Calum a' putadh tron phian? 1
6. Carson nach eil Calum airson 'fantail airson cluich'? 1
7. (a) Dè tha Calum ag ràdh mun bheinn-deighe a tha e a' faicinn? 2
 (b) Dè an leisgeul a th' aig Calum airson a' bheinn-deighe a mhilleadh? 1
8. Tha Calum a' beachdachadh air na faireachdainnean a thig bho bhith ann an uisge fuar. Dè an co-dhùnadh pearsanta a th' aige mu bhith ann an uisge fuar? 2
9. Dè an dòigh anns an robh toiseach agus deireadh an latha cho diofraichte? 2
10. Smaoinich air a' phrògram air fad. Nad bheachd fhèin, dè an teachdaireachd as mothà a thàinig às a' phrògram seo? Cleachd fianais nad fhreagairt. 2
11. Smaoinich air a' phrògram air fad. Seall, le eisimpleir, mar a tha Calum a' cur ìoranás gu feum. *Nà tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo.* 2

4

Briathrachas

- tìr - talamh, eilean, dùthaich
- cuan - muir
- muinntir - daoine
- taigh-seinnse - taigh-òsta
- An Cliseam - beinn mhòr sna Hearadh
- sìde nan seachd sian - abairt airson droch shìde
- tlachd - toileachas
- suicheantas - samhla a chleachdas buidheann no teaghlach
- Clann MhicillEathain - daoine aig a bheil MacGillEathain mar shloinneadh
- anabarrach - uabhasach
- a-rèist - ma tha
- fantail - fuireach
- ùr-nòsach - air a dhèanamh ann an dòigh ùr
- mulad - bròn
- eanchainn - ball den bhodhaig nad cheann leis am bi thu a' smaoineachadh
- buill-bodhaig - pìosan de do chorpa, a leithid do chridhe
- riatanach - deatamach, cha dèan thu a' chùis às aonais rud a tha riatanach
- tràill - duine a tha an eisimeil rud, duine a nì seirbheis gun phàigheadh do neach eile, chan eil an saorsa aig tràillean
- clageann - an structar chnàmhan nad cheann
- cumhachd - neart
- dlùth-choille - coille-uisge

5

Gaylet Pot



cliùiteach - ainmeil

Machair Aonghais - sgìre comhairle air taobh sear na h-Alba, tuath air Dùn Dé

Obar Bhrothaig - am baile as mothà ann an sgìre Aonghais

- Dè na faclan a chleachd Calum gus cur ris an dealbh a tha sinn a' faicinn de Gaylet Pot? 2

- Dè bh' ann an Gaylet Pot o chionn bhliadhnaagan agus dè thachair dha? 2

àibhiseach - glè mhòr, iongantach

- Dè an dùblan a bha ro Chalum sa phrògram seo? 1

taigh na croich - abairt a chleachdar nuair a tha rudeigin air a dhol ceàrr

seann nòs - seann stoidhle

Achadh Muthaich - baile beag faisg air Obar Bhrothaig

- (a) Dè an dà rud a rinn Calum mus do thòisich e air an t-snàmh? 2
(b) Carson a rinn e an dà rud seo? 2

- Dè a' cheist a bh' ann an inntinn Chaluim mus do thòisich e air an t-snàmh? 2

stuaghan - tuinn

dòn - cumail sàbhailte

seachnad - cumail air falbh bho rudeigin

- Dè an cunnart a bhiodh ann nam biodh droch shìde ann? 1

- Carson nach faiceadh Calum mòran san uisge? 1

ceann-uidhe - far a bheil thu am beachd a dhol

- Dè cho fad's a bh' aig Calum ri snàmh gus an uamh a ruighinn? 1

- Ainmich aon rud a bheir air Calum a bhith a' faireachdainn beò. 1

- Dè an dà rud air nach eil fios aig Calum a dh'fhaodadh a bhith cunnartach dha? 2

- Dè an rud a tha a' dèanamh Calum gu math toilichte aig deireadh a' phrògram? 1

- Smaoinich air a' phrògram air fad Seall, le eisimpleir, mar a tha chleachd Calum aon de na leanas: fiosrachadh cudromach no ìoranas. Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo. 2

5

Gaylet Pot



1. Dè na faclan a chleachd Calum gus cur ris an dealbh a tha sinn a' faicinn de Gaylet Pot? 1
2. Dè bh' ann an Gaylet Pot o chionn bhliadhnaagan agus dè thachair dha? 1
3. Dè an dùbhlann a bha ro Chalum sa phrògram seo? 1
4. (a) Dè an dà rud a rinn Calum mus do thòisich e air an t-snàmh? 2
(b) Carson a rinn e an dà rud seo? 2
5. Dè a' cheist a bh' ann an inntinn Chaluim mus do thòisich e air an t-snàmh? 1
6. Carson nach fheuchadh Calum an snàmh seo nam biodh droch shìde ann? 2
7. A bharrachd air gu bheil e fuar, dè eile a tha Calum ag innse dhuinn mun uisge agus carson a tha e mar seo? 2
8. Ainmich dà rud a bheir air Calum a bhith a' faireachdainn beò. 1
9. Dè an dà rud air nach eil fios aig Calum a dh'fhaodadh a bhith cunnartach dha? 2
10. Dè an rud a tha a' dèanamh Calum gu math toilichte aig deireadh a' phrògram? 1
11. Smaoinich air a' phrògram air fad. Seall, le eisimpleir, mar a tha chleachd Calum fiosrachadh cudromach sa phrògram seo gus co-theacs a thoirt dhan luchd-coimhid. Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo. 2
12. Smaoinich air a' phrògram air fad. Seall, le eisimpleir, mar a tha chleachd Calum fèin-mhaghadh anns a' phrògram seo. Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo. 2

Briathrachas

20

- cliùiteach - ainmeil
- Machair Aonghais - sgìre comhairle air taobh sear na h-Alba, tuath air Dùn Dè
- Obar Bhrothaig - am baile as mothà ann an sgìre Aonghais
- àibhiseach - glè mhòr, iongantach
- taigh na croich - abairt a chleachdar nuair a tha rudeigin air a dhol ceàrr
- seann-nòs - seann stoidhle
- Achadh Muthaich - baile beag faisg air Obar Bhrothaig
- stuaghan - tuinn
- dòn - cumail sàbhailte
- seachnad - cumail air falbh bho rudeigin
- ceann-uidhe - far a bheil thu am beachd a dhol

6

Eilean Arainn

- Eilean MoLaise



greimeag - beagan bìdh

dùbhlan - rud doirbh a tha romhad

meanbh - rud a tha beag, bìodach

1. Carson a tha e cudromach do Chalum gu bheil an tràigh a' coimhead ri tìr-mòr? 1
2. Carson a tha Calum a' smaoineachadh gu bheil a' mhuir 'cha mhòr blàth', ged as e an geamhradh a th' ann? 1

seòid - gaisgich

3. (a) Dè a' chomhairle a tha Calum a' toirt dhuinn mu na tràighean a th' againn ann an Alba? 1
(b) A rèir Chaluim, ciamar a dh'fhaodadh an luchd-coimhid a bhith nan seòid? 2
4. (a) Dè am fealla-dhà a th' aig Calum mun ròn? 1
(b) Carson a tha Calum airson an ròn a lorg? 1
(c) Carson a tha Calum a' smaintinn gu bheil beatha mhath aig ròn? 2

maise-gnùis - stuth dathte a bhios a' dol air an aodann

anam - am pàirt dhìot aig meadhan do bhith, do spiorad

càradh - cur ceart

naomh - beannaichte, co-cheangailte ann an dòigh air choreigin ri Dia

Calum Cille - naomh ainmeil a thug Criodachd a dh'Alba

linn - ceud bliadhna

taisteachadh - turas naomh

sruth - mar a tha an t-uisge a' gluasad

cumhachd - neart

urram - spès

teannadh air - tighinn faisg air

5. Inns ceithir rudan a thaobh cò ris a tha an snàmh chun an eilein coltach. 4

fuaran - àite san talamh às an tig uisce

6. (a) Carson a tha coltas iongantach air na creagan? 1
(b) Dè tha Calum ag ràdh mu na cnagain-tràghad agus na crosgain? 1

àite teàrmainn - àite sàbhailte, sònraichte

7. Cò leis a tha Eilean MoLaise? 1

air an aon ràmh - a bhith ag aontachadh ri chèile

8. (a) Carson a rinn an dotair 'amar an dotair'? 1
(b) Dè an dòchas a th' aig Calum mun amar? 1

9. Smaoinich air a' phrògram air fad. Seall, le aon eisimpleir, mar a tha chleachd Calum stoidhle phearsanta gus ceangal a dhèanamh ris an luchd-coimhead.
Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo. 2

6

Eilean Arainn - Eilean MoLaise



1. Carson a tha e cudromach do Chalum gu bheil an tràigh a' coimhead ri tìr-mòr? 1
2. Carson a tha Calum a' smaoineachadh gu bheil a' mhuir 'cha mhòr blàth', ged as e an geamhradh a th' ann? 1
3. (a) Dè a' chomhairle a tha Calum a' toirt dhuinn mu na tràighean a th' againn ann an Alba?
(b) A rèir Chaluim, ciamar a dh'fhaodadh an luchd-coimhid a bhith nan seòid? 1
2
4. (a) Dè am fealla-dhà a th' aig Calum mun ròn?
(b) Carson a tha Calum a' smaintinn gu bheil beatha mhath aig ròin? 1
2
5. Inns mu staid na mara fhad 's a tha Calum a' snàmh chun an eilein agus mar a tha seo a' toirt buaidh air. 3
6. (a) Cò air a tha coltas iongantach agus carson?
(b) Dè tha Calum ag ràdh mu na cnagain-tràghad agus na crosgain? 1
1
7. Cò leis a tha Eilean MoLaise? 1
8. (a) Carson a chaidh 'amar an dotair' a chruthachadh?
(b) Dè an dòchas a th' aig Calum mun amar? 1
1
9. Smaoinich air a' phrògram air fad. Seall, le aon eisimpleir, mar a tha chleachd Calum *stoidhle phearsanta* gus ceangal a dhèanamh ris an luchd-coimhead. *Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo.* 2
10. Smaoinich air a' phrògram air fad. Tha Calum ag innse dhuinn gun robh agus gu bheil ceangal làidir eadar creideamh agus Eilean MoLaise. Seall, le aon eisimpleir, mar a tha e a' togail air seo ann an dòigh phearsanta. *Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo.* 2

6

Briathrachas

- greimeag - beagan bìdh
- dùbhlà - rud doirbh a tha romhad
- meanbh - beag, biòdach
- seòid - gaisgich
- maise-gnùis - stuth dathte a bhios a' dol air an aodann
- anam - am pàirt dhìot aig meadhan do bhith, do spiorad
- càradh - cur ceart
- naomh - beannaichte, co-cheangailte ann an dòigh air choreigin ri Dia
- Calum Cille - naomh ainmeil a thug Crìosdachd a dh'Alba
- linn - ceud bliadhna
- taisteachd - turas naomh
- sruth - mar a tha an t-uisge a' gluasad
- cumhachd - neart
- urram spèis
- teannadh air - tighinn faisg air
- fuaran - àite san talamh às an tig uisge
- àite teàrmainn - àite sàbhailte, sònraichte
- air an aon ràmh - a bhith ag aontachadh ri chèile

7

Linne Fhoirthe



Linne Fhoirthe - an caolas a tha a' dealachadh Dùn Èideann agus Fiobha

Port na Bànriginn - baile air cladach a tuath na linne

- Dè an t-astar a tha eadar gach dà thaobh na linne?

1

inbhe - seasamh

buileachadh - toirt

- Ainmich aon rud a tha a' sealltainn cho ainmeil 's a tha an drochaid rèile.

1

- Carson a tha Calum den bheachd gur e 'clasaig' a th' anns an t-snàmh seo?

2

ùghdarris - na daoine a tha a' cumail smachd air rudeigin

- Mìnich carson a tha pressure air Calum?

2

caochlaideach - ag atharrachadh gu tric

fiughair - ag iarraidh gu mòr

uallach - am faireachdainn a bhios agad nuair a bhios rudeigin mòr air d' aire

marbh-shruth - an ùine nuair a tha an tide-mhara iosal no àrd,

nuair nach eil i ag atharrachadh

cumhachd - neart

an cruinne-cè - an domhan anns a bheil an saoghal againn

- Ainmich dà rud a tha a' toirt beatha air an tide-mhara.

1

ullachadh - dèanamh deiseil

robach - fiadhaich

- Dè an t-ainm a tha Calum a' toirt air an uisge?

1

- Carson a tha a' chiad phàirt den t-snàmh furasta do Chalum?

2

- Ciamar a tha an t-uisge air atharrachadh nas fhaide a-mach?

1

- Dè cho fada 's a bha Calum a' snàmh mus do dh'fhairich e gun robh ruitheam air tighinn thuige?

1

- (a) Dè cho tric 's a dh'fheumas Calum coimhead airson a cheann-uidhe?
(b) Dè an ceann-uidhe air a bheil Calum ag amas an-diugh?

1

1

- Ainmich dà rud a thuirt Calum mun 'phìos anns a' mheadhan'.

2

luaths - cho luath 's a tha thu a' dol

- Dè am briseadh-dùil a fhuair Calum aig an deireadh?

2

- Smaoinich air a' phrògram air fad. Seall, le aon eisimpleir, mar a tha chleachd Calum **fealla-dhà** gus stoidhle aotrom a thoirt dhan phrògram.

Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo.

2

7

Linne Fhoirthe



- | | |
|---|---|
| 1. Inns dè th' ann an Linne Fhoirthe. | 2 |
| 2. Ainmich dà rud a tha a' sealltainn cho ainmeil 's a tha an drochaid rèile. | 2 |
| 3. Carson a tha Calum den bheachd gur e 'clasaig' a th' anns an t-snàmh seo? | 2 |
| 4. Mìnich carson a tha <i>pressure</i> air Calum? | 2 |
| 5. Carson a tha feum air sgioba sàbhailteachd an-diugh? | 2 |
| 6. Carson a tha a' chiad phàirt den t-snàmh furasta do Chalum? | 1 |
| 7. Inns mar a tha atharrachadh a' tighinn air turas Chaluim anns an 'uisge fhosgailte'. | 2 |
| 8. Dè tha Calum a' dèanamh gach leth-mhionaid? | 1 |
| 9. Dè am briseadh-dùil a fhuair Calum aig an deireadh? | 2 |
| 10. Smaoinich air a' phrògram air fad. Seall, le dà eisimpleir, mar a tha chleachd Calum <i>fealla-dhà</i> gus stoidhle aotrom a thoirt dhan phrògram. <i>Na tog air gin de na freagairtean a bh' agad ron seo.</i> | 4 |

Briathrachas

20

- Linne Fhoirthe - an caolas a tha a' dealachadh Dùn Èideann agus Fiobha
- Port na Bànriginn - baile air cladach a tuath na linne
- inbhe - seasamh
- buileachadh - toirt
- ùghdarris - na daoine a tha a' cumail smachd air rudeigin
- caochlaideach - ag atharrachadh gu tric
- fiughair - ag iarraidh gu mòr
- uallach - am faireachdainn a bhios agad nuair a bhios rudeigin mòr romhad
- marbh-shruth - an ùine nuair a tha an tide-mhara ìosal no àrd, nuair nach eil i ag atharrachadh
- cumhachd - neart
- an cruinne-cè - an domhan anns a bheil an saoghal againn
- ullachadh - dèanamh deiseil
- robach - fiadhaich
- luaths - cho luath 's a tha thu a' dol

8

Easan Àth a' Chàirn -



aonaran - cuideigin a tha airson fuireach leis fhein, air falbh bho chàch
rùinteán dìomhair - fiosrachadh a chumas tu falaichte bho chàch
stairseach - gu math faisg air far a bheil thu a' fuireach
eas - far am bi uisce ann an allt no abhainn a' tuiteam gu h-obann
Loch Tatha - loch mòr ann an Siòrrachd Pheairt às an tig Abhainn Thatha
uachdaran - cuideigin leis a bheil tòrr fearainn
fastadh - a bhith a' toirt obair do chuideigin
tarraing - tàladh, toirt a-steach

1. Carson a dh'fheuch an t-uachdaran ri obair a thoirt dha aonaran? 1
2. (a) Inns dà rud mu bheatha aonarain.
(b) Carson a bhiodh Calum deònach an obair seo a dhèanamh? 2
1
3. Dè thachradh nan snàmhadh Calum san àite fon drochaid? 1
- lèirsinneach** - tuigseach
4. Inns gu mionaideach dè an t-àm den bhliadhna a th' ann. 1
- cho fuar ri màthair a' ghobha** - abairt a tha a' ciallachadh an aon rud ri
'cho fuar ris a' bhàs'
cuislean - tiùban trom bi ful a' ruith sa chorp
mac an duine - abairt a tha a' ciallachadh an aon rud ri daoine
5. (a) Dè thachras dhan chridhe nuair a bhios tu a' cur d' aodann ann an uisce fuar?
(b) Inns mar a tha seo feumail dha snàmhadar.
(c) Dè an rud cudromach a th' aig Calum ri ràdh ris an luchd-coimhead? 1
1
2
6. Tha Calum ag innse dhuinn gu bheil an t-uisge fuar agus luath.
Inns mar a tha e deiseil airson seo. 2
- dòbhran** - facal eile airson biast dhubh, beathach a bhios a' fuireach
faisg air uisce.
7. (a) Dè a' cheist a tha Calum a' cur air fhèin?
(b) Ainmich dhà de na beachdan air a bheil e a' smaoineachadh
mar fhreagairt dhan cheist seo. 1
2
8. A thaobh deigh agus aodach, ainmich an **dà** riaghait a bh' aig buidheann
snàmh athar. 2
- glumag** - lòn uisce ann an allt no abhainn
linn - ceud bliadhna
9. Cuin a bhios tu a' faireachdainn neart an uisce? 1
10. Smaoinich air a' phrògram air fad. Tha Calum a' cleachdadadh ìomhaigheachd
(a leithid meatafor agus samhla) tron phrògram. Lorg ìomhaigheachd mar seo
agus inns mar a bha i soirbheachail. 2

8

Easan Àth a' Chàirn



1. Carson a bhiodh aonaran a' fuireach aig Àth a' Chàirn? 1
2. (a) Inns dà rud shònraichte mu bheatha aonarain. 2
 (b) Carson a bhiodh Calum deònach an obair seo a dhèanamh? 1
3. (a) Dè thachras dhan chridhe nuair a bhios tu a' cur d' aodann ann an uisge fuar agus ciamar a tha seo feumail dha snàmhadair? 2
 (b) Dè an rud cudromach a th' aig Calum ri ràdh ris an luchd-coimhid? 1
4. Inns mar a tha Calum air dèanamh deiseil airson snàmh. 2
5. Tha Calum a' faighneachd dha fhèin cò às a thàinig a ghaol air uisge. Ainmich na beachdan air a bheil e a' smaoineachadh mar fhreagairt dhan cheist seo. 3
6. Ainmich dà riaghailt a bh' aig buidheann snàmh athar. 2
7. Dè thachras nuair a dh'fheuchas tu ri snàmh an aghaidh an uisge? 2
8. Smaoinich air a' phrògram air fad. Tha Calum a' cleachdadadh ìomhaigheachd (a leithid meatafor agus samhla) tron phrògram. Lorg ìomhaigheachd mar seo inns mar a bha i soirbheachail. 2
9. Smaoinich air a' phrògram air fad. Tha Calum a' cleachdadadh uaim anns a' phrògram. Lorg uaim agus inns mar a bha i èifeachdach. 2

Briathrachas

20

- aonaran - cuideigin a tha airson fuireach leis fhein, air falbh bho chàch
- rùinteán diòmhair - fiosrachadh a chumas tu falaichte bho chàch
- stairseach - gu math faisg air far a bheil thu a' fuireach
- eas - far am bi uisge ann an allt no abhainn a' tuiteam gu h-obann
- Loch Tatha - loch mòr ann an Siorrachd Pheairt às an tig Abhainn Thatha
- uachdaran - cuideigin leis a bheil tòrr fearainn
- fastadh - a bhith a' toirt obair do chuideigin
- tarraig - tàladh, toirt a-steach
- lèirsinneach - tuigseach
- cho fuar ri màthair a' ghobha - abairt a tha a' ciallachadh an aon rud ri 'cho fuar ris a' bhàs'
- cuislean - tiùban trom bi fuil a' ruith sa chorpa
- mac an duine - abairt a tha a' ciallachadh an aon rud ri daoine
- dòbhran - falcaile airson biast dhubbh, beathach a bhios a' fuireach faisg air uisge
- glumag - lòn uisge ann an allt no abhainn
- linn - ceud bliadhna